

Eric Liddell: Dileab Curaidh nan Geamannan Oilimpeach

Eric Liddell: Ceart no Ceàrr

A bharrachd air bonn-òir Oilimpeach a buaannachd, chluich Eric airson sgioba ball-coise naiseanta na h-Alba.

Ceàrr - Cha do chluich Eric airson sgioba a' bhuill-choise. Ach chluich e airson sgioba rugbaidh na h-Alba, a' cosnadh seachd "ceapan" airson a dhùthcha. Leig e dheth rugbaidh ann an 1923-24 gus fòcas a chur air ruith.

Rugadh Eric Liddell ann an Alba.

Ceàrr - Rugadh Eric ann an Sìona, far an robh a phàrantan an sàs ann an obair mhiseanaraidh. Ghluais Eric a dh'Alba nuair a bha e 5 bliadhna a dh'aois. Dh'fhuirich e san Rìoghachd Aonaichte airson a' chòrr de òigridh gus an robh e sna 20an.

Uair, thairg Eric do lùth-chleasaiche eile nach robh cho eòlach 's a bha e fhèin gum faodadh iad na làin aca atharrachadh. Rinn e seo gus làn nas fheàrr, air an taobh a-staigh, a thoirt don lùth-chleasaiche sin. Bha seo a' ciallachadh gun robh Eric san làn air an taobh a-muigh, a bha fo ana-cothrom.

Ceart - Sna làithean sin, cha robh tòiseachaidhean ceumnaichte san rèis. Mar sin, bha làn air an taobh a-muigh na ana-cothrom mòr airson lùth-chleasaiche.

Sna Geamannan Oilimpeach ann an 1924, dh'atharraich Eric don rèis 400 meatair, ged nach robh e air trèanadh airson seo. Bhuannaich e bonn-òir, agus stèidhich e clàr curaidh an t-saoghal airson na tìme as fheàrr airson an astair sin!

Ceart – B' e 100 meatair an rèis a bha aig Eric. Ach bha an ro-fharpais airson na rèise sin a' tachairt air Didòmhnaich. Bha e an aghaidh a' chreideimh aige a bhith ri farpais air Didòmhnaich. Mar sin, chuir Eric roimhe nach gabhadh e pàirt agus dh'atharraich e don rèis 400 meatair. Aig a' cheann thall, buannaich e am bonn-òir agus bhris e an clàr curaidh, ga choileanadh ann an 47.6 diogan.

San rèis 400 meatair sna Geamannan Oilimpeach ann am Paris ann an 1924, fhuair Eric an làn as fheàrr airson ruith, air an taobh a-staigh den traca.

Ceàrr – 'S e an fhìrinn gun robh an làn air an taobh a-muigh aig Eric san rèis san do choisinn e bonn-òir. Is tric gu bheilear a' meas seo mar an làn as miosa, oir chan urrainn dhut na ruithearan eile fhaicinn.

Chaidh am bonn-òir Oilimpeach a chur gu Eric tron phost.

Ceart – Eucoltach ri Geamannan Oilimpeach an latha an-diugh, cha robhar a' toirt nam bonn do na lùth-chleasainchean buadhach ann an deas-ghnàth dhuaisean. Cha robh pòideaman aca agus cha robh laoidhean nàiseanta aca. Chaidh am bonn-òir aig Eric a chur thuige tron phost an dèidh nan geamannan.

Ghabh Eric Liddell páirt sna Geamannan Oilimpeach ann an 1928 cuideachd, gus am bonn-òir aige a dhìon.

Ceàrr - Bha creideamh domhain aig Eric agus bu mhiann leis daoine eile a chuideachadh agus fhuair seo làmh-an-uachdair air a chùrsa-beatha ann an spòrs. Dhìult e an cothrom páirt a ghabhail sna Geamannan Oilimpeach ann an 1928. An àite sin, chùm e aire air tilleadh gu Siona a theagasg agus a chuideachadh dhaoine eile. Bha e 23 agus aig binnean a chùrsa-beatha ann an lùth-chleasachd, nuair a chuir e roimhe gun cuireadh e fòcas air an obair seo.

Nuair a dh'fhàs beatha ann an Siona ro dhuilich agus cunnartach gu poilitigeach, chuir Eric an teaghlaich aige gu Canada. Dh'fhuirich e ann an Siona an aghaidh comhairle Riaghaltas Bhreatainn. Rinn e seo gus cumail a' dol leis an obair mhiseanaraidh aige agus gus daoine eile a chuideachadh.

Ceart – Chaidh an teaghlaich aige gu Canada. Ach bha Eric airson fuireach far an robh e gus cumail air ag obair. Bu mhiann leis gu làidir daoine eile a chuideachadh.

Beagan bhliadhnaichean an dèidh làimhe, bha Eric air ath-aonachadh leis an teaghlaich aige. Mu dheireadh thall, chunnaic e a threas nighean, nach robh e air fhaicinn bhon a dhealaich iad.

Cèarr – Chan fhaca Eric an teaghlaich aige a-rithist, agus chan fhaca e riamh a threas nighean. Chaidh Eric a ghlacadh le feachdan riaghaltais Japan. Chuir iad ann am prìosan e ann an campa-inntearnachaidh.

Bhàsaich Eric aig aois 43, fhad 's a bha e fhathast na phrìosanach sa champa-inntearnachaidh.

Ceart – Fhuair Eric tùmor eanchainn. Bha an cion-bìdh agus cion-leighis a' luathachadh crionadh a shlàinte. Bhàsaich e agus e dìreach 43. Bha seo dìreach còig mìosan mus deach an campa a shaoradh le feachdan Ameireaganach aig deireadh a' chogaidh.